

Cuir sgeulachd ri chèile san taigh-tasgaidh

Tha taighean-tasgaidh fìor mhath airson sgeulachdan a lorg –tha iad air falach anns gach àite am measg nan nithean annasach eile!

Thoir an duilleag seo leat gu taigh-tasgaidh a tha faisg ort gus do chuideachadh le sgeulachd a chur ri chèile! Is e an dùbhlán agad rudeigin inntinneach a lorg agus sgeulachd a chur ri chèile timcheall air.

Nì

Tòisich le bhith a' lorg rudeigin a tha a' cur iongantais ort, mar sheud sònraichte à crùn banrigh no dèideag a b' àbhaist a bhith aig pàiste o chionn ceudan de bhliadhnaichean.

Dèan dealbh dhe an seo.

Caractar

Cò dh'fhaodadh an rud seo a lorg?
Dh'fhaodadh duine sam bith a lorg bho neach eachdraidheil ainmeil gu neach cumanta o chionn fhada an t-saoghail, no fiù thu fhèin!

Dè an t-ainm a th' orra?

Dè an t-eagal as motha a th' orra?

Dè a nì an caractar agad leis an rud a-nis 's iad air a lorg?


Suidheachadh

Smaoinich càite as dòcha don rud seo nochdadh. Faodaidh tu coimhead airson cuideachadh san fhiosrachadh mu thimcheall an rud, mar cuin no càite air an t-saoghal a chaidh a lorg.

Tarraing an t-àite seo agus dèan nota de chuid de fhacail airson innse mu dheidhinn.

A-nis tha a h-uile nì agad air a bheil feum airson sgeulachd mhìorbhaileach a sgrìobhadh!

Cleachd taobh eile na duilleig seo airson tòiseachadh – faodaidh tu tòiseachadh ga sgrìobhadh sa bhad no planadh dè dìreach bu mhath leat tachairt. Na dìochuimhnich cuid de na facail agus beachdan a tha thu air a lorg mar-tha agus cuir beagan dhealbhan ann cuideachd!



A series of ten horizontal blue lines for writing, arranged in a vertical column on the page.



